

Dreachd Gàidhlig

your coursework



Am fiosrachadh a
dh'fheumas a bhith agad



Hallò, 's mise SAM agus tha mi an seo airson do chuideachadh le bhith tuigsinn dè bu chòir dhut agus nach bu chòir dhut a dhèanamh a thaobh obair-chùrsa...

Air a' mhòr-chuid de chùrsaichean an SQA, bidh thu a' tòiseachadh ag ullachadh airson obair-chùrsa a dhèanamh cho luath 's a thòisicheas an cùrsa agad. Gus do chuideachadh le sin, seo agad beagan riaghailtean a bu chòir fios a bhith agad air mus tòisich thu a' dèanamh obair a bhios air a comharrachadh.

Tha na riaghailtean seo cudromach, mar sin, dèan cinnteach gun leugh thu agus gun tuig thu an leabhran seo, fiù 's ged nach bi an obair-chùrsa agad ga cur a-steach airson ùine, no ma tha thu air obair-chùrsa a chur a-steach anns na bliadhnaichean a dh'fhalbh.

Tha am fiosrachadh san leabhran seo a' buntainn ris an obair-chùrsa air fad agad, chan ann dìreach ri obair-chùrsa a chuireas tu a-steach chun an SQA airson a comharrachadh.

Thèid aig an tidsear no an t-òraidiche agad air innse dhut mu na peanasan a dh'fhaodadh tighinn ort mura lean thu ris na riaghailtean seo.

Mura h-eil thu cinnteach à rud sam bith, no ma tha thu ag iarraidh tuilleadh fiosrachaidh, bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad.



Stiùireadh

A rèir nàdar a' chùrsa a tha thu a' dèanamh, dh'fhaodadh, mar eisimpleir, gur e pròiseact a bhios san obair-chùrsa agad, no pasgan-obrach, no pìos-obrach a chaidh a chur romhad. Às bith dè an seòrsa obrach a bhios ann, bheir e cothrom dhut sealltainn gu bheil thu eòlach air a' chuspair agad agus comharran a ghleidheadh a bheir buaidh mhòr air a' chomharra dheireannach agad.

Dh'fhaodadh gun tèid agad air grunn ghoireasan a chleachdadh mar thaic don obair agad — mar eisimpleir: leabhraichean, TBh, an rèidio agus an t-eadar-lìon. Bidh iad seo mar bhunait airson na h-obrach agad agus 's e dòigh ionnsachaidh fìor mhath a th' ann a bhith gan cleachdadh.

ACH, chan fhaod thu dìreach obair dhaoine eile a thogail agus a thoirt a-steach mar gur e an obair agad fhèin a th' ann (canar 'ath-aithris air' ris an seo). Tha e glè chudromach gun seall thu gu soilleir dè an obair a rinn thusa agus dè an teacsa a thàinig à àite eile.

Bidh rudan eadar-dhealaichte a dhìth airson gach pìos obair-chùrsa a nì thu. Thèid aig an tidsear no an t-òraidiche agad air innse dhut mu na nithean sònraichte a dh'fheumas tu a dhèanamh airson gach pìos obair-chùrsa a th' agad ri dhèanamh.

Duilleagan-ghoireasan

Thèid cuid a mheasaidhean airson obair-chùrsa a dhèanamh ann an suidheachadh far a bheil thu ag obair fo riaghailtean sònraichte agus faodaidh tu duilleag-ghoireasan a chleachdadh. Uaireannan canar fianais bho rannsachadh no fiosrachadh air obrachadh a-mach ri duilleagan-ghoireasan. Feumaidh tu ionnsachadh mu na riaghailtean a th' ann airson a bhith a' cleachdadh is a' cur a-steach nan duilleagan sin. Mura lean thu na riaghailtean dh'fhaodadh gun cailleadh tu comharran, agus, le cuid de chuspairean, dh'fhaodadh nach fhaigheadh tu comharran sa mheasadh agad airson obair-chùrsa. Bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad feuch am bi fios agad air dè tha a dhìth nuair a thig e gu bhith cleachdadh is a' cur a-steach dhuilleagan-ghoireasan.

Fiosrachadh coitcheann mu na measaidhean

Tha fiosrachadh coitcheann mu na measaidhean ri fhaotainn airson gach cùrsa aig ìre Nàiseanta 5, Àrd-ìre is Àrd-ìre Adhartach far a bheil obair-chùrsa mar phàirt de na measaidhean airson a' chùrsa. Tha am fiosrachadh sin a' toirt sealladh farsaing air an obair-chùrsa agus air na tha dhìth an lùib na h-obrach sin. An cois an fhiosrachaidh sin bidh fios air mar a nì thu an obair, an obair a bu chòir dhut a chur a-steach, cò bhios ga comharrachadh, agus na stiùiridhean coitcheann a bhios luchd-comharrachaidh a' leantainn nuair a tha iad a' comharrachadh na n-obrach.

Gheibh thu am fiosrachadh seo air na duilleagan airson chuspairean air làrach-lìn an SQA, fo 'Fiosrachadh mu obair-chùrsa'. Gheibh thu na duilleagan airson chuspairean aig www.sqa.org.uk/nq

Tha na riaghailtean seo ann airson do chuideachadh:

1. Cinn-latha

cuir an obair agad a-steach ann an deagh àm

Innsidh an tidsear no an t-òraidiche agad dhut dè na cinn-latha a th' ann airson dreachdan (nuair a tha iad ceadaichte) agus obair dheireannach a chur a-steach, agus tha e an urra riut fhèin dèanamh cinnteach gun cùm thu riutha sin. 'S e an dòigh as fheàrr sin a dhèanamh, gun a bhith feitheamh chun a' chinn-latha fhèin airson an obair agad a chur a-steach.

A rèir dè an seòrsa obair-chùrsa a tha thu a' dèanamh, bu chòir dhut a shealltainn don tidsear no don òraidiche agad fhad 's a tha thu ag obair air gus an urrainn dhaibh do chuideachadh le bhith dèiligeadh ri ceistean nuair a tha iad ag èirigh, gus an urrainn dhut gach nì fhaighinn deiseil ann an àm. Bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad agus innsidh iad dhut dè an seòrsa taice as urrainn dhaibh a thoirt dhut.

Ma tha thu ga fhaighinn doirbh cumail ri ceann-latha, na bi fo mhòr-uallach. Bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche agad feuch dè ghabhas dèanamh gus do chuideachadh.

2. Àireamh fhaclan

na sgrìobh barrachd air an àireamh fhaclan a tha ceadaichte

Ma tha àireamh fhaclan as àirde air a chomharrachadh san obair-chùrsa agad, feumaidh tu an-còmhnaidh cumail ris an riatanas sin.

3. Stòran Fiosrachaidh

inns mun a h-uile gin dhiubh

FEUMAIDH tu iomradh a thoirt air stuth sam bith san obair agad a thàinig bho stòran fiosrachaidh (no 'sources') eile, leithid leabhraichean, TBh agus an t-eadar-lìon. Innsidh an tidsear no an t-òraidiche agad dhut mar a nì thu sin, ach seo dhut beagan stiùiridh:

- **Cuir “cromagan turrach” timcheall teacsa sam bith a thàinig à stòran fiosrachaidh eile agus seall gu soilleir dè na stòran fiosrachaidh a bh' ann.**
- **Cuimhnich air diagram no dealbh sam bith a tha thu air a chleachdadh — comharraich cò às a thàinig iad cuideachd.**
- **Cruthaich leabhar-chlàr (liosta de stòran fiosrachaidh) ma dh'fheumas tu — cuir sin aig deireadh d' obrach.**

4. Mèirle-sgrìobhaidh

na leig ort gur e an obair agadsa a th' ann an obair dhaoine eile

Nuair a chanas tu gur e an obair is na beachdan agad fhèin a th' ann an obair is beachdan dhaoine eile, canaidh iad **mèirle-sgrìobhaidh (no 'plagiarism')** ri sin, agus 's e cealgaireachd a th' ann. Mura h-inns thu mu na stòran fiosrachaidh san obair-chùrsa agad, 's e mèirle-sgrìobhaidh a th' ann an sin cuideachd.

Chan e d' obair fhèin a th' ann:

- ma bha cuideigin eile ag obair air pàirt dheth no air an obair gu lèir
- ma chaidh an obair a dhèanamh le tagraiche eile, piuthar, bràthair, caraid, no duine sam bith a rinn obair-chùrsa den leithid roimhe
- ma chaidh an obair a dhèanamh mar eisimpleir obrach le tidsear no òraidiche
- ma tha thu air a thogail à leabhar, làrach-lìn no stòr aistidhean

Aithnichidh luchd-comharrachaidh mèirle-sgrìobhaidh gu furasta.

5. Dèan fhèin e

mura h-eil thu a' dèanamh obair-buidhne

'S e a th' ann an **cealg-chòrdadh ('collusion')** a bhith ag obair còmhla ri daoine eile nuair a bu chòir dhut a bhith ag obair air do cheann fhèin. Tha e a' gabhail a-steach a' toirt cuideachadh do dhaoine, a' faighinn cuideachadh, agus a' roinn fhaclan-faire, fhaidhlichean, agus obair-phàipeir le daoine eile.

Tha gach duine a thèid an sàs ann an cealg-chòrdadh a' bristeadh nan riaghailtean — chan e dìreach an duine a dh'iarr cuideachadh. Ma dh'iarras tagraiche eile ort an cuideachadh, bu chòir dhut moladh dhaibh bruidhinn ris an tidsear no ris an òraidiche aca.

Ma tha thu ag obair mar phàirt de bhuidhinn (me, air pròiseact buidhne), feumaidh tu dèanamh cinnteach gur e an obair agad fhèin a th' anns an obair sgrìobhte gu lèir a chuireas tu a-steach.

Ma tha duilgheadasan agad le d' obair-chùrsa, gheibh thu a' chomhairle as fheàrr bho thidsearan is òraidichean.

6. Cainnt

na cleachd faclan no ìomhaighean oilbheumach

Thathar an dùil gun toir a h-uile duine a chuireas obair-chùrsa a-steach urram do thagraichean eile, tidsearan, òraidichean, luchd-comharrachaidh agus don SQA. Na cuir cainnt no ìomhaighean nad obair no air an obair agad a tha mì-mhodhail, tàireil, oilbheumach, no a tha dèanamh leth-bhreith. Chan eil e idir ceart gum feumadh luchd-comharrachaidh coimhead air an leithid.

Cuimhnich gum bi luchd-comharrachaidh daonnan a' dèanamh cinnteach gun tèid stuthan oilbheumach a rannsachadh.

7. Dèan sgrùdadh agus ath-sgrùdadh

coimhead air an obair agad mus cuir thu a-steach e

Mus cuir thu an obair-chùrsa agad a-steach, dèan cinnteach:

- gur e d' obair fhèin a th' ann air fad, agus gu bheil iomradh iomchaidh air na stòran fiosrachaidh
 - gu bheil obair sam bith bho bhliadhnaichean eile, a tha thu a' cur a-steach, a' cumail ris na riaghailtean cuideachd
 - nach eil cainnt no ìomhaighean oilbheumach ann
 - gu bheil thu air crìoch a chur air an obair-chùrsa agad a rèir mar a dh'iarr an tidsear no an t-òraidiche agad ort a dhèanamh, agus a rèir riatanasan an SQA
-

Na feuch idir e

chan eil e doirbh mèirle-sgrìobhaidh is cealg-chòrdadh aithneachadh

- Bidh tidsearan agus òraidichean a' leughadh dhreachdan obair dhaoine gu cunbhalach agus aithnichidh iad nuair a tha an stoidhle sgrìobhaidh agus na dòighean sa bheil thu a' cleachdadh cainnt ag atharrachadh.
- Tha luchd-comharrachaidh mion-eòlach air a' chuspair aca agus mar sin bidh iad eòlach air iomadh stòr fiosrachaidh.
- Bidh an SQA a' cleachdadh bathar bog a dh'aithnicheas mèirle-sgrìobhaidh agus cealg-chòrdadh. Bidh am bathar bog sin a' maidseadh abairtean is teacsa a chaidh a thogail ris na stòran às an tàinig iad.

Peanas

dè thachras, ma bhristeas tu na riaghailtean?

Ma thèid riaghailtean an SQA a bhristeadh, dh'fhaodadh am peanas a bhith trom. Ma sheallas rannsachadh gu bheil thu air na riaghailtean a bhristeadh, bidh ìre a' pheanas a rèir dè cho dona agus a tha a' choire. Nì an SQA co-dhùnadh air dè am peanas a tha freagarrach. A rèir dè na riaghailtean a chaidh a bhristeadh, dh'fhaodadh na peanasan a leanas a bhith ann: :

- Dh'fhaodadh gun tèid na comharran agad a lùghdachadh - no gum faigh thu neoni.
- Dh'fhaodadh gun caill thu an teisteanas agad airson a' chuspair.
- Dh'fhaodadh gun caill thu a h-uile teisteanas agad airson na bliadhna air fad.

Cùm ris na riaghailtean agus dèan an rud ceart daonnan.

Do dhearbhadh

leugh e is dèan cinnteach gun tuig thu e

Iarraidh an sgoil no a' cholaiste agad ort d' ainm a chur ri dearbhadh mus cuir thu obair-chùrsa a-steach chun an SQA airson comharrachadh. Tha e glè chudromach gu bheil thu a' tuigsinn a h-uile càil anns an dearbhadh seo, mar sin thoir deagh shùil air an-dràsta:

Tha mi a' dearbhadh:

- gu bheil mi air leabhran an SQA *An Obair-chùrsa Agad* a leughadh agus gu bheil mi ga thuigsinn
- gu bheil mi a' tuigsinn gum faod an SQA peanasan a chur air tagraichean nach bi a' leantainn an stiùiridh anns an leabhran *An Obair-chùrsa Agad*
- gur e an obair agam fhìn air fad a th' anns an obair-chùrsa a tha an lùib an dearbhaidh seo, agus gu bheil a h-uile stòr fiosrachaidh air a chomharrachadh agus air a thaisbeanadh gu soilleir
- gu bheil mi a' tuigsinn gun tèid an obair-chùrsa seo a chur a-steach don SQA airson comharrachadh

Cuimhnich:

- Feumaidh tu d' ainm a chur ris an dearbhadh mus cuir thu d' obair a-steach don SQA airson comharrachadh.
- Dèan cinnteach gun tuig thu an dearbhadh mus cuir thu d' ainm ris. Iarr cuideachadh bhon tidsear no bhon òraidiche agad mura h-eil thu cinnteach à nì sam bith.



San dealachadh...



Cuimhnich gu bheil a h-uile duine ag iarraidh gun soirbhnich leat. Faodaidh e a bhith na chuideachadh mòr, a bhith bruidhinn ri daoine eile mud obair agus ma dh'innseas iad dhut mun eòlas a fhuair iad fhèin, nuair a tha thu a' rannsachadh nan cuspairean agad – dìreach dèan cinnteach gur e an obair agad fhèin a chuireas tu a-steach airson comharrachadh.

Tha sinn an dòchas gun còrd na cùrsaichean agad riut agus ma tha ceist sam bith agad, feuch gun iarr thu comhairle bho na tidsearan no bho na h-òraidichean agad. Sin carson a tha iad ann.

